


Mar Chuimhneachan le Ruairidh MacThòmais



Ged bha i leatha fhèin air oidhche Nollaig cha do dh'fhairich i aonranachd sam bith. Bha an rùm sgeadaichte mar a b' àbhaist aig an àm seo den bhliadhna: pàipearan nan iomadh dath crochte bho mhullach an t-seòmair 's a' ruighinn nan oiseanan, na cairtean Nollaige ag aobhneas rithe bho sgeilp an teine agus bho gach oisinn ris an cumadh iad an grèim. Bha a' chlann air ùr fhalbh, an gleadhraich mìlis na cluasan, 's an sprùilleach a dh'fhàg iad air an làr ri thional fhathast. Cha robh cabhaig ann, 's gun sgoil ann a-màireach. Bhiodh iad an-dràsta ag innse dom màthraichean mar chaidh dhaibh ann an taigh na "Leaidh."

Deich bliadhna fichead a thug i anns an t-seòmair sin. Gun teagamh bheireadh i corra chuairt a Ghlaschu as t-samhradh, nuair bhiodh an sgoil dùinte, ach b' e seo an dachaigh aice, is bha i a' cur ris an teaghlach a h-uile bliadhna. Bha cuimhne aice a-nochd air lain Dhòmhnail a bhith staigh aice

bho chionn naoi bliadhna fichead - an dàrna Nollaig a bha i anns an taigh seo - is siud a-nochd Dhòmhnail beag aice, 's e cho coltach ri athair ris an dà sgadan, ach gu robh aodach na b' fheàrr air na bha riamh air lain Dhòmhnail.

'S e "An Leaidh Liath" a bhiodh oirre. 'S e "Mrs Wood" a bhiodh air na litrichean aice, agus 'se sin a bhiodh aig a' mhaighstir-sgoile agus aig a' mhinistear oirre, ach cha robh càch ga fhaighinn nàdarrach a leithid sin a dh'ainm a ràdh. Cha bhiodh e ceart Bean lain no Bantrach Thormoid èigheachd air bean-teagaisg, agus co-dhiù cha robh lorg sam bith aca air ainm baiste an duine aice, no an robh e beò no marbh. Bha fhios gun chaochail e bho chionn fhada, 's gun i ag ràdh dad ma dheidhinn. 'S e "sibh" a chanadh iad rithe an clàr an aodainn, is "An Leaidh Liath" nuair nach biodh i an làthair. Bhiodh i a' faighinn corra litir à Ameireagaidh - 's dòcha uair no dhà sa' bhliadhna. Cha robh càirdean aice anns an eilean ann.

Agus Murchadh Thormoid Tàilleir! Bha e cho beag 's cho meata ri athair fhèin, ach bha a choltas air gum biodh e cho geur ris na daoine bhon tàinig e. Sin agad e! Nach tric a chì thu an nàdar ud ann an daoine beaga, mar gu faigheadh an inntinn am biathadh nach d'fhuair an corp. Cha b' e gu robh cus coltais air Tormod nuair a bha e anns an sgoil gu robh am biadh a' ruighinn inntinn a-bharrachd. Ach air do shocair! An rud a bh' ann gu nàdarrach thàinig e 'n uachdair, agus 's e an clàr a bh' aig a chomataidh an-diugh, ged nach robh e ach òg. Bha tairbhe an obair na sgoile a dh'aindeoin cùis. 'S e glè bheag de chèilidh a bhiodh i a' dèanamh. Brònag bhochd, na suidhe anns an rùm sin, 's a biadh ga thoirt thuice a h-uile tràth, ag obair air leabhraichean 's a' dèanamh phioctairean beaga don chloinn. Beatha aonranach, gun chaidreabh, gun toil-inntinn. Cha bhiodh i dol gu na bainnsean idir. Eadhon aig an eaglais fhèin cha chanadh i càil ach gu robh là math ann, is siud i suas an rathad, na h-aonar, a' dèanamh air an dachaigh. Cha b'e gu leigeadh i leas sin: nach robh Màiri Anna a-staigh, 's am biadh deiseil aice air a cionn. Ach nam b'e 's gu robh tinneas a-measg na cloinne, bhiodh i anns an taigh sin mus cuirte dh'iarraidh na nurs, a' tairgse làimh-chuidich. Bha mòran aig a' chloinn ma deidhinn.

Thug i sùil a-rithist air na cairtean, a' leughadh na bàrdachd air gach tè dhiubh. Bha iad air an taghadh gu grinn. Bha cuimhne chùbhraidh aca oirre, ged bha iad gu math sgapte air feadh an t-saoghail a-nis. Siud Ailean lain thall an Astràilia, ag obair air tuathanas-chaorach: bha comharran a' bhaile aige air a theangaidh mus do dh'ionnsaich e an ABC ceart. Thug an làmh-sgrìobhadh aige na

cuimhne an t-àire bh'aige leis a' pheann. 'S bha i smaoinichadh nuair a bha e anns an sgoil gur e cosg tìde bh'ann a' feuchainn ri rud a chur na chlaigeann! Tà, cha b'e. Agus Dòmhnall Mhurchaidh: 's ann an Hong Kong a chuir esan a' chairt don phost; cha robh fhios càite robh 'n t-soitheach aige nochd. Cairt eile à Canada, cairt à Ceann-a-deas Africa, dhà no trì à Sasainn, is leth-dusan à Glaschu. Nach b'iongantach nach tàinig gin à Ameireagaidh am bliadhna? Cairt bhon mhaighstir-sgoile, is cairt bhon mhinistear. Cha tug i ach sùil chabhagach orrasan.

Bhiodh am maighstir-sgoile uaireannan a' fàs sgith dhith. An dara uair cha tigeadh smid aisde, agus cho luath 's a bheireadh e iomradh air cloinn na sgoile cha robh allsadh a' dol air a cainnt. Glè mhath! Bha e toilichte gu leòr gu robh bean-teagaisg aige cho eudmhor 's a bha anns an eilean, ach bhiodh aire-san uaireannan air gnothaichean eile: cèilidh bha gu bhith air a chumail le sgiobadh a' bhuill-coise. Taghadh Pàrlamaid (bha taghadh ann air an fhoghar ud fhèin, is fear a' feuchainn a-steach a bha a' gealltainn nach cuireadh e a mhàs fodha air being ach an Taigh Pàrlamaid an Dùn Eideann). Eadhon gnothaichean na b'fhaide air falbh bhon dachaigh: Nyasaland, Taghadh Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte. Dè 'n taobh a bha i an dùil a leumadh Ameireagaidh an turas seo? Cha chanadh i guth. Ach bha a fhìde aice sgioblachadh beag a dhèanamh. Ged nach biodh cabhaig oirre anns a' mhadainn, cha robh math an taigh fhàgail mar gun cuireadh am muir a thir e. Bha brioscaid no dhà, air am pronnadh cho min 's a dhèanadh brògan tacaideach e, ri thogail às a' bhrat-ùrlair. Bha bailùnaichean a' fhuir an cruaidh-fhortan nan stiallan air an làr (bha Calum a' Chinapair a' feuchainn ri sgrìobhadh a dhèanamh oirre le peansail-luaidhe; cha robh athair beò, bròinean, 's chan fhac e bailùn a-riamh gu siud). Bheireadh i sgrìobag bheag air an t-seòmar, agus bhiodh an uairsin tìde tea ann. Cha robh feum aice air tea, às dèidh na bha sin de bhìadh mìis fhaicinn ga chagnadh. Ach cha thuigeadh Màiri Anna sin. Is bhiodh cothram aice còmhradh a dhèanamh ri Màiri Anna fhad 's a bhiodh i a' càireadh na tea air a beulaibh.

Cha mhòr nach robh Màiri Anna cho dèidheil air a' chloinn rithe fhèin, is bha naidheachdan a' bhaile aice bho thogail gu tasgadh an teine - is uaireannan eadar an dà cheann sin den là.

'S e boireannach neònach a bha anns an "Leadaidh". Bhiodh i an dàrna uair cho còmhraideach, ach is tric a chunnaic Màiri Anna i, nuair bhiodh i ag innse dhi mu na balaich is na caileagan òga, is cò bha suirghe air cò, a thogadh i am pàipear-naidheachd is a thòisichadh i ga leughadh. Fìor dhroch fhasan, smaoinich Màiri Anna.

Thàinig gnog chun an dorais, is chuala iad an doras ga fhosgladh, is guth cruaidh Chaluim Posta: "Litrichean, litrichean. Chan fhada bhios dad aig balaich leis an ceannaich iad buideal, leis na tha iad a' cosg aig an Nollaig air cairtean." Chaidh Màiri Anna chun an dorais, is thill i a-steach leatha. " 'S ann dhuibhse bhios iad co-dhiù," thuirt i ris an "Leadaidh", "Tha an tea gus tarraing, is thèid mi ga h-iarraidh dhuibh."

Nuair thill Màiri Anna, bha an "Leadaidh" na suidhe aig a' bhòrd bheag, is na litrichean air a beulaibh, gun fhosgladh. "Nach brèagh an stamp a th'oirre siud," ars ise, "cha b'ann às an rioghachd seo a thàinig i." "Cha b'ann," ars an "Leadaidh", is thog i a' phoit gus an copan a lìonadh. 'S e comharradh eile bha siud, is dh'fhalbh Màiri Anna gu ceann eile an taighe.

Ameireagaidh! Dè an naidheachd a bhiodh innte an turas seo? B'fheàrr leatha nach robh i air a thighinn - a-nochd co-dhiù. Bha i air a bhith sona gu leòr fad an latha, is na cairtean mun cuairt oirre, 's a' chlann bheag a' ruideil 's ag èigheachd, 's iad a-nis ag innse dom m'athraichean an là mòr a bh'aca an "Taigh na 'Leadaidh'." An àite bhith cuimhneachadh air an là sin dà bhliadhna dheug air fhichead air ais. Ach stad i leis an tàmailt. "Tha e beag gu leòr dhomh cuimhneachadh air."

Agus bha deagh chuimhne aice air. Nuair phòs i Seumas Wood ann an Glaschu bha obair gann anns a' bhaile sin, is bha esan air gealladh fhaighinn gu faigheadh e obair an Ameireagaidh. Ach cha robh de airgead aca na phàigheadh faradh an dithis. 'S e bun a bh'ann gun dh'fhalbh esan leis fhèin, agus bha aicese ri leantainn an ceann sia mìosan. Rinn i sin, ach fada mus robh na sia mìosan ann bha fhios aice gu robh leanabh gu bhith aice. Cha robh i airson innse dhà gus an ruigeadh i, ach an dèanadh iad greadhnachas le chèile. Mealladh, mealladh! Nuair ràinig ise Ameireagaidh bha Seumas Wood air boireannach eile a lorg, agus ged a bha e deònach tilleadh thuicese cha leigeadh an tàmailt leatha a ghabhail air ais.

Thàinig Màiri Anna chun an dorais a-rithist. "A bheil dad tuilleadh a dhith oirbh?" ars ise, 's i toirt suil gheur air a' bhòrd 's air an litir a bha gun fhosgladh fhathast. "Chan eil, a Mhàiri Anna," fhreagair an t-èile ann an guth sèimh, socair. "Chan eil an còrr a dhith orm. Cha chreid mi nach tèid mi a laighe tràth a-nochd. Cha bhi feum agam air suipear. Is cha bhi cabhaig oirnn anns a' mhadainn." Thug Màiri Anna an aire nach robh i air deur tea òl, ged a bha deich mionaidean ann bho dhòirt i don chopan i. Cha robh i air mir ithe. Is bha an litir gun a fosgladh. Thill i air a socair gu ceann shìos

an taighe.

Agus an sin thàinig an leanabh. Gille a bh' ann. Ise ann an Ameireagaidh, far nach aithnicheadh i duine. Ach an duine aice fhèin, is dè math bha sin? Ghabh an dotair a bha ga frithealadh truas dhi, no 's dòcha nach ann dhise ghabh e truas. Bha e-fhèin gun teaghlach, is thuirte e gun togadh iad an gille nan tugadh i cead dhaibh. Agus rinn i sin. 'S e rud duilich a th'ann am math 's an t-olc a chur ann am meidh. Thill i co-dhiù, is an ceann ùine thàinig i don bhaile seo, don sgoil seo, don taigh seo, is bha Ameireagaidh gu math fada air falbh. Is bha i 'n dùil gun rinn i feum. Bha litir a' tighinn uair no dhà sa' bhliadhna, mar chuimhneachan, is bha fhios aice gu robh am balach na dhuine an-diugh, agus e glè choltach rithe fhèin.

Dh'fhosgail i an litir, agus leugh i i. Chaidh na deich bliadhna fichead anns an t-seòmar nan smàl. Bha na cairtean, na deilbh, na leabhraichean, mar luath. Chaidh sonas na sprùilleach, is thòisich an sprùilleach ag at mar adhbhar dòchais.

Bha e a' tighinn a-màireach.